

[TD 1]

LEABHAR:
AIR SON NA DARA BUIDHNE
ANNS NA
SGOILIBH GAE'LACH
GLUASADACH.

AIR A CHUR RI CHEILE
LE FRAING M'BHEATHAIN.

Teagaisg leanabh a thaobh na slighe air an coir dha imeachd; agus an uair a bhios e sean cha treig e i.—Gnath-fhocail xxii. 6.

Easan a ghradhaicheas foghlum, gradhaichidh e eolas. Gnath-fhocail xii. 1.

Agus theagaisg iad ann an Iuda, agus leabhar lagha an Tighearna aca; agus chaidh iad mu'n cuairt air feadh uile bhailtean Iuda, agus theagaisg iad an sluagh.—2 Eachdraidh xvii. 9.

DUNEIDIN:
AIR A CHLO-BHUALADH AIR SON A' CHOMUINN A
THA CUMAIL SUAS NAN SGOILEAN GAE'LACH
ANN AN GAELTEACHD AGUS EILEAN.
AIBH NA H-ALBA.
1824.

[TD 2]

[Bàn]

[TD 3]

Focail Thri, Cheithir, agus Chuig earrannan.

ab-ach-adh
ab-stol-achd
ac-ar-achd
ach-mhas-an
adh-al-tran-as
adh-arc-ach
adh-lac-adh
ag-ar-tas
àibh-ir-sear
ai-bi-dil
aid-each-adh
aigh-ear-ach
àil-ghios-ach
àill-eag-an
aim-beart-ach
aimh-leas-ach

aimh-reit-each
aim-sir-eil
ain-eol-ach
aing-idh-eachd
ainm-each-adh
ainn-is-eachd
àird-e-deas
àird-e-tuath
àird-an-ear
àird-an-iar
aith-reach-as
aithn-each-adh
al-trum-ach-adh
al-tach-adh
al-tach-adh-beath-a
am-ar-bruth-aidh
a-na-caith-eadh
a-na-ceart-as
a-na-cneasd-a
a-na-co-throm
a-na-goir-eas-ach
an-aoibh-inn
an-aoibh-inn-each
an-dàn-a

[TD 4]

an-dàn-ad-as
an-diadh-aidh
an-diadh-achd
an-earbs-a
an-earbs-ach
an-mhainn-eachd
an-iochd-ar
àn-rath-nach
an-shoc-air
an-tog-radh
an-trom-aich
an-trom-ach-adh
an-dòch-as
aoidh-eal-achd
aor-nag-an
aon-ar-an
aon-fhillt-eachd
aon-inn-tinn
àrd-aing-eal
àrd-bhreith-eamh
àrd-cheann-as
àrd-chomh-airl-e
àrd-chumh-achd
àrd-inbh-each
àrd-inn-tinn-each
àrd-shag-art

àrd-shean-adh
àrd-uachd-ar-an
àrd-ùgh-dar-as
as-lach-adh
ath-air-cèil-e
ath-ais-each
ath-arr-ach-adh
ath-bheoth-ach-adh
ath-cheann-aich
ath-chuing-e
ath-dhiol-adh
ath-ghoir-id
ath-ghin-eamh-uinn
ath-iarr-tas
ath-leas-ach-adh
ath-leas-aich
ath-nuadh-aich
ath-nuadh-ach-adh
ath-sheall-adh
ath-shealbh-aich

[TD 5]

ath-sheach-ran
bac-na-ruidh-e
bac-na-h-ios-guid
bach-lag-ach
bad-mull-aich
bàigh-eal-achd
ball-àbh-achd-ais
bal-amh-airc
ball-mag-aidh
ban-al-trum
ban-al-trum-achd
ban-adh-al-tran-ach
ban-a-char-aid
ban-a-chliamh-uinn
ban-a-mhaigh-stir
ban-stiubh-ard
ban-tuadh-an-ach
baoth-shùg-radh
bàs-ach-adh
bàs-mhor-achd
beachd-ach-adh
bean-bainn-se
bean-chinni-dh
bean-ghlùin-e
bean-shiubhl-aidh
bean-uas-al
beath-ach-fiadh-aich
beath-ach-adh
beoth-ach-adh
beoth-al-achd

biadh-maidn-e
biadh-nòin
biadh-feasg-air
biadh-siubh-ail
biadh-brist-e
bith-bhriathr-ach
bith-bhuan-tachd
boir-ionn-ach
bolg-shaigh-ead
braigh-dean-as
brat-sgàil-e
brat-speil-idh
brath-air-ath-ar

[TD 6]

brath-air-màth-ar
brath-air-cèil-e
breith-ean-as
breith-buidh-each-ais
breith-neach-adh
breug-air-eachd
bros-nach-adh
bruid-lean-achd
brùid-eal-achd
buach-aill-eachd
buadh-al-achd
buair-eas-ach
buan-mhair-eann-ach
buil-each-adh
bun-ailt-each
bun-ailt-eachd
cabh-ag-ach
càil-eig-in
càil-eachd-an
caill-each-oidhch-e
caillt-ean-ach
cais-reag-ach
caith-e-beath-a
caith-ream-ach
caith-ris-each
camh-an-aich
camp-ach-adh
caoch-laid-each
caoin-shuar-ach
caomh-al-achd
car-ach-adh
car-than-achd
cath-air-rìogh-ail
cead-aicht-e
cealg-air-eachd
ceann-airc-each
ceann-feadh-na

ceann-laid-ir
ceann-sach-adh
ceas-nach-adh
ciall-ach-adh
cìr-mheall-a
clach-air-eachd
clach-ois-inn

[TD 7]

clars-air-eachd
clo-bhual-adh
clach-shneachd-a
clach-mheall-ain
clach-mhuil-inn
cluaint-ear-achd
cluais-fhàin-e
cnuimh-eag-an
cobh-art-achd
coimh-ear-snach
coimh-ead-achd
co-fharp-uis
co-fhreag-radh
coimh-lion-adh
coin-eall-ach
cois-rig-eadh
comh-lach-adh
comh-air-leach
co-aont-aich
co-chreut-air
co-dhùn-adh
co-fhlaith-eachd
co-fhreag-radh
co-fhul-ang-as
co-fhurt-'ear
co-luad-ar
cor-ra-bhàn
cor-ra-ghlas
craobh-sgaoil-eadh
crìoch-naicht-e
crith-thalmh-ainn
crith-reoth-adh
cruinn-each-adh
cruth-ach-adh
cruth-ath-arr-ach-adh
cuairt-each-adh
cud-throm-ach
cuil-bheart-achd
cuimh-neach-adh
cùl-chàin-eadh
cùl-sleumh-nach-adh
cumh-achd-ach
daing-neach-adh

daon-achd-ach

[TD 8]

deadh-bheus-ach
deadh-iom-radh
dearg-las-adh
deas-pair-eachd
diadh-aidh-eachd
dì-chioll-ach
di-chuimh-neach
diogh-alt-air
diòmh-air-eachd
doil-gheas-ach
do-leas-aicht-e
dors-air-eachd
dor-uinn-each
do-thuig-sinn
dubh-aig-ean
duil-ich-inn
dùr-achd-ach
ea-dar-ghuidh-e
ea-dar-mheadh-on-fhear
ea-dar-mhìn-each-adh
ea-dar-sgar-achd-uinn
ear-al-ach-adh
eas-aon-achd
eas-bhuidh-each
eas-ìon-raic
eas-ùmhlachd
èig-neach-adh
eis-im-pleir
eus-aont-as
fàbh-ar-ach
fad-fhul-ang-ach
faic-ill-each
fàilt-each-adh
fair-each-adh
fall-ain-eachd
fann-ach-adh
fàs-ach-adh
fear-saor-aidh
fèin-fhios-rach-adh
feòl-mhor-achd
fionn-air-eachd

[TD 9]

fìr-inn-teachd
fòg-arr-ach
foigh-id-neach
foills-icht-e

foir-eig-inn
freumh-ach-adh
frith-eal-adh
fuar-chràbh-adh
fuil-eachd-ach
furt-ach-adh
gàir-deach-as
gàir-eachd-aich
gairm-choil-each
gairm-èif-eachd-ach
gairm-pòs-aidh
gaoth-a-deas
gaoth-a-tuath
gaoth-a-n'ear
gaoth-a-n'iar
geal-ach-ùr
geal-ach-adh
geall-daing-neach-aidh
geò-cair-eachd
geur-fhios-rach
geur-leanmh-uinn
geur-mhoth-ach-adh
geur-rann-sach-adh
gin-eamh-uinn
gior-ach-adh
gliong-ar-saich
gnàth-ach-adh
gnàth-fhoc-al
greadh-nach-as
grunn-ach-adh
iar-guin-each
ion-al-tradh
inn-leachd-ach
inn-tinn-each
iom-a-gain-each
iom-chuidh-eachd

[TD 10]

iom-luasg-adh
iom-rait-each
iom-sgar-adh
iong-ant-ach
ion-rac-an
ir-is-leachd
ir-is-leach-adh
it-eal-aich
iunn-sach-adh
lag-chridh-each
laimh-seach-adh
lành-choill-e
lành-sgrìobh-aidh
làn-fhios-rach

làn-shoill-eir
làth-air-eachd
lean-bhuinn-each
leann-an-sìth
leann-an-achd
leth-trom-ach
lèir-sinn-each
leis-geal-ach
leth-iom-all-ach
leubh-ad-air
leum-nach-uaine
leas-ach-adh
lion-eud-ach
lion-mhoir-eachd
lit-ir-dheal-ach-aidh
long-bhrist-eadh
luchd-coimh-id-eachd
mac-ant-achd
mad-adh-all-uidh
maigh-deann-a
maigh-stir-sgoil-e
màir-neal-ach
maith-ean-as
mall-ach-adh
mas-lach-adh
màth-air-aobh-air
meall-tair-eachd
meanbh-chuil-eag
mear-achd-ach
meas-ar-achd

[TD 11]

meor-ach-adh
meud-aich-ear
meud-aich-idh
mi-bhuidh-each-as
mi-chaoimh-eil
mi-chliuit-each
mi-chreid-imh
mi-dhiadh-aidh
mi-dhleas-an-ach
mi-dho-chas
mi-fhall-ain-eachd
mi-fhaighd-inn
mi-fhort-an
mi-fhort-an-ach
mi-fhur-ach-air
mi-gheim-nidh
mi-ghnàth-aichte
mi-ghoir-eas-ach
mi-iom-chuidh
mi-lagh-ail

mi-mhais-each
mi-mhis-neach
mi-mhodh-ail
mi-naomh-achd
mi-nis-treal-achd
mion-ach-adh
mior-bhuil-each
mì-shiobh-alt-a
mi-shoc-rach
mi-thaing-eil
mi-thait-neach
mi-thuigs-each
mòr-al-achd
mòr-chuis-each
moth-ach-adh
moth-ach-ail
muin-ghin-each
muinn-tear-as
nàb-uidh-eachd
naomh-ach-adh
nath-air-nimh-e
neart-ach-adh
neo-air-idh
neo-àr-aidh

[TD 12]

neo-bhàs-mhor
neo-chaoch-laid-each
neo-chealg-ach
neo-choir-each
neo-chinnt-each
no-chrìoch-nach
neo-chomas-ach
neo-gheim-nidh
neo-ghlain-e
neo-ghoirt-icht-e
neo-ghràs-mhor
neo-shòl-as-ach
neo-thait-neach
neo-tharbh-ach
neo-thim-chioll-ghearr-adh
neo-thim-chioll-ghèarrta
neo-thoillt-inn-each
neo-thorr-ach
neo-thuigs-each
nigh-ead-air-eachd
nuadh-aicht-e
ob-air-ghrèis
ob-air-shnàth-aid
ob-air-thein-e
ob-air-uisg-e
òg-luidh-eachd

òg-mhad-uinn
oid-iunn-saich
oil-thir-eachd
oir-chios-each
òir-dheirc-eas
òr-an-mol-aidh
painn-tir-eachd
pàirt-each-adh
pìob-air-eachd
pòit-eir-eachd
priomh-ath-air
priomh-uachd-ar-an
prìos-an-ach
pung-al-achd
rag-mhuin-eal-achd
rag-air-eachd

[TD 13]

ràit-each-ail
ràit-each-as
ranns-ach-adh
rèit-each-adh
reus-an-ach-adh
riagh-ailt-each
riar-ach-adh
rìgh-chaith-ir
rìogh-ach-adh
ro-bheart-ach
ro-bhàigh-eil
ro-chùr-am-ach
ro-dhùr-achd-ach
ro-thait-neach
ro-thal-mhaidh
roi-aith-nich
roi-chraic-ionn
roi-òrd-ach-adh
roi-sheall-adh
ruag-air-eachd
rùn-diomh-air
sàbh-al-adh
sag-art-achd
saoibh-ir-eachd
saigh-dear-achd
samh-lach-adh
sannt-ach-adh
saobh-chràbh-adh
saobh-chreid-imh
saogh-alt-achd
saors-ainn-eachd
saoth-ach-ionn-laid
sàr-mhais-each
seach-ran-ach

sealbh-ach-adh
sealg-air-eachd
seann tiom-nadh
sear-man-ach-adh
sear-main-ich-e
seasg-air-eachd
seò-mar aoidh-eachd
sgar-achd-ainn
sgead-acha-dh
sior-iarr-aidh
sior-losg-adh

[TD 14]

siorr-uidh-eachd
slàn-uigh-ear
slat-riogh-ail
slat-shuaich-ean-tais
sleamh-nach-adh
smuaint-each-adh
so-aom-adh
so-dhean-amh
soill-eir-eachd
so-iom-chair
soi-sgeul-ach
sò-las-ach
speur-ad-air
speur-ad-air-eachd
spior-ad-ail
sràid-im-eachd
subh-ach-as
tàbh-achd-ach
taimh-neul-ach
tairbh-eart-ach
tair-is-neachd
tais-bean-ar
tàm-ailt-each
taois-neach-adh
tart-mhoir-eachd
tabh-unn-aich
teachd-an-tìr
teachd-air-eachd
teann-ach-adh
teug-mhail-each
tigh-earn-as
tigh-eir-id-inn
tim-chioll ghearr-adh
tinn-eas-cloinn-e
tiodh-lac-adh
tiorm-ach-adh
toi-bheum-ach
toil-inn-tinn
toir-bheart-as

toir-measg-adh
treòr-ach-adh
trì-fich-ead
triob-laid-each
trò-cair-each

[TD 15]

trom-inn-tinn-each
tromp-air-eachd
truaille-idh-eachd
truagh-an-tachd
tuain-eal-ach
tul-chuis-each
tunn-ag-fhiadh-aich
uachd-ar-an-achd
uair-ead-air
ull-ach-adh
ùgh-dar-as
uil-e-bheann-aicht-e
uil-e-chumh-achd-ach
uil-e-fhios-rach
uil-e-ghlòr-mhor
uil-e-iom-lain-eachd
uil-e lath-air-each
uil-e-leir-sinn-each
uisg-each-adh
ùmh-lach-adh
urr-am-ach
ur-choid-each
ùr-ghàir-deach-as
ùr-lar-bual-aidh
ùr-labh-radh
us-graich-ean
ùt-rais-each

[TD 16]

Feumaidh an sgoil-eir na h-air-eamh-nan so iunn-sach-adh, mun d'theid e ni's fhaide air agh-aidh; oir tach-ar-aidh iad air anns na leasain a lean-as, agus anns an ath Leabhar.

Aon. 1 I
Dhà. 2 II
Tri. 3 III
Ceithir. 4 IV
Cuig. 5 V
Sea. 6 IV
Seachd. 7 VII
Ochd. 8 VIII
Naoi. 9 IX
Deich. 10 X

Aon deug. 11 XI
 Dhà-dheug. 12 XII
 Tri-deug. 13 XIII
 Ceithir-deug. 14 XIV
 Cuig-deug. 15 XV
 Sea-deug. 16 XVI
 Seachd-deug. 17 XVII
 Ochd-deug. 18 XVIII
 Naoi-deug. 19 XIX
 Fichead. 20 XX
 Deich 'ar Fhichead. - 30 XXX
 Dà Fhichead. - 40 XL
 Dà fhichead 'sa deich. - 50 L
 Tri fichead. 60 - LX
 Tri fichead 'sa deich. - 70 LXX
 Ceithir fichead. - 80 LXXX
 Ceithir fichead 'sa deich. 90 XC
 Ceud, no cuig fichead. - 100 C
 Dà cheud, no deich fichead. 200 CC
 Cuig ceud. - 500 D
 Mìle. - 1000 M

[TD 17]

Do bhri gu'm feum an sgoileir na nithe so a leanas iunn-sach-adh,
 agus an tuig-sinn, mu'n d'theid e ni's fhaide air agh-aidh, is còir
 do'n fhear-theag-aig, saoth-air a ghabh-ail a chum am mìn-each-adh
 do'n sgoil-eir. Tha trì deug do dh'fhogh-aire dù-bailte, agus cuig
 fogh-aire trì-fillte anns a' Ghaelic Na fogh-aire dùbailte ae, ai,
 ao, ea, ei, eo, eu, ia, io, iu, oi, ua, ui. Na foghaire trì-fillte
 aoi, eoi, iai, iui, uai. Aig naoi de'n a fogh-aire dùbailte, ai, ea,
 ei, eo, ia, io, iu, oi, ui, tha caoch-ladh do dh'fhuaim-ibh air
 leth; ach aig ceithir dhiubh, ae, ao, eu, ua, cha'n'eil ach aon
 fhuaim, mar sin neo-chaoch-laid-each. Tha aon fhuaim air leth, agus
 neo-chaoch-laid-each; aig gach aon de'na fogh-aire trì-fillte, agus
 a ghnàth fada. Tha fuaim fhada ghnàth aig ae, eu, ia, ua, agus is
 ain-eamh a tha fuaim goir-id aig ao. ach aig a chuid eile de'na
 foghaire dù-bailte, tha mar-aon, fuaim fada,

[TD 18]

agus goir-id. Tha an riagh-ailt so a leanas, a feuch-ain lionn-mhor-
 achd nam fuaim-ibh, a th'aig na fogh-aire dùbailt air leth.

Aig. ae, ao, eu, ua, cha'n'eil ach aon fhuaim.
 Aig. ia, tha trì fuaimean.
 Aig. eo, iu, ui, tha ceithir fuaimean.
 Aig. ai, io, tha cuig fuaimean.
 Aig. ei, tha seachd fuaimean.
 Aig. oi, tha ochd fuaimean.
 Aig. ea, tha naoi fuaimean.

Cha'n'eil fuaim na dara litir, ann an eo agus eu, aig àm air bith air a chluinntin. Tha eis-im-pleir-ean air an duileig eile a tha soill-eir-each-adh gach caoch-ladh suidh-each-adh agus fuaim, a th'aig na fogh-aire dù-bailt.

[TD 19]

Tha an riagh-ailt so, a soill-eir-each-adh, caoch-ladh fuaim-ean, agus suidh-each-adh, nam foghaire dùbailte. Tha fuaim na'n litrichean ead-ailt-each, anns an riagh-ailt so goir-id.

[Clàr]

[TD 20]

Tha na comh-fhogh-aire so, gu bith-eannt a'tach-airt anns a' Ghaelic; air an aobh-ar sin is còir do'n sgoil-eir min-eòlas a ghabh-ail orra, bh, ch, dh, fh, gh, mh, ph, sh, th. 'Nuair a tha an h, air a ceang-al ri a h-aon de'na comh-fhogh-aire eile, tha iad a call am fuaim fein, agus anns an t-suidh-each-adh so, tha iad a faot-ainn fuaim eile; ni a shoill-eir-ich-eas an riogh-ailt so a leanas, agus a mhin-ich-eas am fear-teag-aisg. Do bhrì 'nach eil rum anns an leabh-ar so, a mhin-each-adh mar a tha an teang-a air a cleachd-adh anns na fuaim-ibh aig na comh-fhogh-aire so; tha eis-im-pleir-ean air an tabh-airt air na fuaim-ibh.

Comh-fhogh-aire.
bh v bhual, gabh.
ch chaidh, rach.
ch chì, eich.
dh dhall, gràdh.
dh y dheare.
dh ràdh, bual-adh.
fh fheara.
gh ghabh.
gh y gheibh.
gh rìgh, sluagh.
mh v damh, mhol.
ph f phill.
sh h shuidh, shaoil.
th h thàinig.
th maith, thusa.

[TD 21]

Is còir do'n sgoil-eir mar an ceud-na min eò-las a ghabh-ail air na stad-an-aibh so.

An ceud stad ,
An dara stad ;
An treas stad :

An ceath-ramh stad .
Ceist stad ?
Iongantas stad !

Stad aig , fhad 's a bhiodh tu ag radh aon.
Stad aig ; fhad 's a bhiodh tu ag radh aon, dhà.
Stad aig : fhad 's a bhiodh tu ag radh aon, dhà, trì.
Stad aig . fhad 's a bhiodh tu ag radh aon, dhà, trì, ceithir.

GNATH-FHOCAIL.

CAIB. I.

EISDIDH duine glic, agus meudaichidh e fòghlum, agus sealbhaichidh duine tuigseach comhairlean glice:

Is e eagal an Tighearna tùs an eòlais: air gliocas agus teagasg ni amadain tàir. A mhic, éisd thusa

[TD 22]

ri teagasg t'athar, agus na tréig lagh do mhàthar:

Oir 'nan coron maise bithidh iad do d' cheann, agus 'nan slabhruidhibh do d' mhuineal.

Cia fhad, a dhaoine baoghalta, a ghràdhaicheas sibh baoghaltachd? agus a ghabhas luchd-fochaid tlachd 'nam fochaid, agus a bheir amadain fuath do eòlas?

Pillibh ri m' achmhasan: feuch, dòirtidh mi mach mo spiorad dhuibh; ni mi aithnichte mo bhriathra duibh.

A chionn gu'n do ghairm mi, agus gu'n do dhiùlt sibhse, gu'n do shìn mi mach mo làmh, agus nach d'thug duine sam bith an aire;

Ach gu'n do chuir sibh an neo-brigh m'uile chomhairle, agus nach b'àill leibh a bheag do m' achmhasan; Ni mise mar an ceudna

[TD 23]

gàire ri'r sgrios-sa; ni mi fanaid 'nuair a thig bhur n-eagal;

'Nuair a thig bhur n-eagal mar fhàsachadh, agus a thig bhur léir-sgrios oirbh mar iomghaoith; 'nuair a thig teinn agus cràdh-cridhe oirbh. An sin gairmidh iad ormsa, ach cha fhreagair mi; iarraidh iad mi gu moch, ach cha'n fhaigh iad mi;

A chionn gu'n d'fhuathaich iad eòlas, agus nach do ròghnuich iad eagal an Tighearna. Cha b'àill leo bheag do m' chaomhairle, rinn iad tàir air m'ach-mhasan uile.

Uime sin ithidh iad do thoradh an slighe féin, agus lìonar iad le'n innleachdaibh féin. Oir marbhaidh claonadh nan daoine baoghalta iad, agus sgriosaidh soirbheas nan amadan iad féin.

Ach ge b'e dh'éisdeas riumsa, gabhaidh e còmhnuidh an tèaruinteachd, agus bithidh e saor o eagal uilc.

[TD 24]

CAIB. II. A mhic, ma ghabhas tu mo bhriathra-sa, agus ma dh'fholuicheas tu m'àitheanta maille riut;

Air chor as gu'n aom thu do chluas ri gliocas, gu'n leag thu do chridhe air tuigse: Seadh, ri eòlas ma dh'éigheas tu, ri tuigse ma thogas tu suas do ghuth;

Ma dh'iarraas tu i mar airgiod, agus ma rannsaicheas tu air a son, mar air son ionmhasan folaichte; An sin tuigidh tu eagal an Tighearna, agus gheibh thu eòlas Dé:

Oir bheir an Tighearna gliocas; as a bheul thig eòlas agus tuigse.

An sin tuigidh tu fireantachd, agus breitheanas, agus ceartas, seadh, gach uile dheadh shlighe.

'Nuair a théid gliocas a steach ann do chridhe, agus a bhios eòlas taitneach do d' anam; Ni ciall do dhìonadh, coimhididh tuigse thu:

Gu d' shaoradh o shlighe an

[TD 25]

droch dhuine; o'n duine a labhras nithe fiara. Chum gu'n imich thu ann an slighe dhaoine maithe, agus gu'n gléidh thu ceumanna nam firean.

Oir gabhaidh na h-ionracain còmhnuidh san tìr, agus fanaidh na daoine foirfe innte. Ach gearrar na daoine aingidh bhàrr na talmhainn, agus spionar luchd-eusaontais as.

CAIB. III. Is sona an dume a dh'amaiseas air gliocas, agus am fear a gheibh tuigse: Oir is fearr a ceannachd na ceannachd airgid, agus a buannachd na'n t-òr.

Is luachmhoire i na na seudan, agus cha 'n'eil gach ni a's urrainn thu mhiannachadh r'an coimhneas rithe. Tha saoghal fada 'na làimh dheis; 'na làimh chli saibhreas agus urram.

Is sligheanna subhachais a sligh-

[TD 26]

eanna, agus is sìth a ceumanna uile. Is craobh beatha i dhoibhsan a ni greim oirre, agus is sona iadsan a ghleidheas i.

CAIB. IV. Is e gliocas an ni sònruichte; faigh gliocas, agus maille ri d' uile fhaghail faigh tuigse. Ardaich i, agus cuiridh i suas thu; bheir i gu h-urram thu, 'nuair a ghabhas tu a'd' ghlacaibh i.

Bheir i do d' cheann coron maise: crùn glòire bheir i seachad duit. Leis gach uile dhìchioll gléidh do chridhe; oir as a sin tha sruthanna na beatha. Cuir uait am beul fiar, agus na bilean beumnach cuir fad uait.

CAIB. VI. Imich a chum an t-seangain, a leisgein; thoir fa'near a shlighean, agus bi glic: Aig nach 'eil fear-seòlaidh, fear-amhairc, no riaghladair, A dh'ulluicheas a

[TD 27]

bhiadh san t-samhradh, agus a chruinnicheas a theachd-an-tìr san fhogharadh.

Cia fhad a choidleas tu, a leisgein? c'uin a dh'éireas tu as do chodal? Fathast beagan codail, beagan clò chodal, beagan fillidh nan làmh gu codal.

An sin thig do bhochdainn mar fhear-siubhail, agus t'uireasbhuidh mar dhuine fuidh armaibh. Duine nach fiu, fear aingidh, siubhlaidh e le beul ana-cneasda.

Caogaidh e le 'shùil, bheir e sanas le 'chois, teagaisgidh e le 'mheuraibh. Tha aingealtachd 'na chridhe, tha e a' dealbhadh uilc a ghnàth; togaidh e aimhreit.

Uime sin gu h-obann thig a sgrios; gu grad brisear e, gun leigheas. Na sè nithe so is fuathach leis an Tighearna; seadh, tha

[TD 28]

seachd nithe nan gràinealachd d'a anam:

Sealladh àrd, teanga bhreugach, agus làmhan a dhòirteas fuil neo-chiontach, Cridhe a dhealbhas smuaintean aingidh, cosan a bhios luath a ruith chum uilc, Fianuis bhreugach a labhras breugan, agus esan a thogas aimhreit eadar bhràithribh.

CAIB. VIII. Nach 'eil gliocas ag éigheach? agus nach 'eil tuigse a' cur a mach a gutha? Gabhaibh mo theagasg, agus ni h-e airgiod, agus eòlas thar an òr thaghta.

Oir is fearr gliocas na na clachan luachmhor; agus cha 'n 'eil na h-

uile nithe a dh'fheudar a mhiannachadh r'an coimheas rithe.

Is e eagal an Tighearna an t-olc fhuathachadh; uabhar, agus àrdan agus an droch shlighe, agus am beul fiar is fuathach leam.

[TD 29]

Iadsan aig am bheil gràdh dhomh gràdhaichidh mi, agus iadsan a dh'iarras mi gu moch gheibh iad mi. Air slighe a' cheartais treòraichidh mi; ann am meadhon cheumanna a' bhreitheanais;

A chum as gu'n dthoir mi orra-san le'n ionmhuinn mi maoin a shealbhachadh; agus lìonaidh mi an ionmhasan. Is beannaichte an duine a dh'éisdeas rium, a' deanamh faire aig mo gheataibh gach là, a' feitheamh aig ursainnibh mo dhorsa.

Oir esan a gheibh mise, gheibh e beatha, agus gheibh e deadh-ghean o'n Tighearna. Ach esan a pheacaicheas a'm' aghaidh, ni e cron d'a anam féin: iadsan uile a dh'fhuathaicheas mi, gràdhaichidh iad am bàs.

CAIB. IX. Tréigibh nithe amaideach, agus bithibh beò, agus imich-

[TD 30]

ibh air slighe na tuigse. Thoir teagasg do'n duine ghlic, agus bithidh e ni's gllice: teagaisg an duine cothromach, agus meudaichidh e ann am foghlum.

Is e eagal an Tighearna toiseach a' ghliocais; agus is e eòlas nithe naomh, tuigse. Ma bhios tu glic, bithidh tu glic dhuit féin: ach ma bhios tu ri fochaid, is tu féin a mhàin a dh'iomchaires e.

CAIB. X. Ni làmh na leisge bochd; ach ni làmh nan dìchiollach beartach. Esan a chruinnicheas anns an t-samhradh, is mac glic e; ach esan a choidleas anns an fhoghar, is mac maslach e.

Tha esan a choimhideas fòghlum anns an t-slighe gu beatha; ach tha esan a dhiùltas achmhasan air seacharan. Esan a cheileas fuath le bilibh cealgach, agus esan a labhras mi-chliu, is amadan e.

[TD 31]

Mar airgiod taghta tha teanga an fhìrean; ach tha cridhe nan aingidh mar ni nach fiu. Ni beannachadh an Tighearna saibhir, agus cha chuir e doilgheas 'na chuideachd.

Tha e mar shùgradh do'n amadan olc a dheanamh; ach tha gliocas aig fear na tuigse. Mar a théid an iomaghaoth thairis, mar sin cha bhi an droch dhuine ni's mò; ach is bunait sìorruidh am firean.

Cuiridh eagal an Tighearna ri làithibh duine; ach giorraichear bliadhnacha nan aingidh. Bithidh dùil nam firean 'na aobhar aoibhneis; ach théid as do dhòchas nan aingidh.

Is neart do na h-ionraic slighe an Tighearna; ach thig sgrios air luchd-deanamh na h-eucairt. Cha ghluaisear am firean gu bràth; ach cha ghabh na h-aingidh còmhnuidh air an talamh.

[TD 32]

Bheir beul an fhèirein a mach gliocas; ach gearrar as an teanga fhiar. Tha fios aig bilibh an fhèirein air an ni a ta taitneach; ach labhraidh beul nan aingidh nithe fiara.

CAIB. XI. Oibrichidh an droch dhuine obair mhealltach; ach aige-san a chuireas fireantachd bithidh duais chinnteach. Mar so tha fireantachd chum beatha; ach esan a leanas an t-olc, leanaidh e chum a bhàis féin e.

Is gràinealachd do'n Tighearn iadsan a tha fiar 'nan cridhe; ach is taitneach leis iadsan a tha ionraic 'nan slighe. Ged 'iadhadh làmh mu làimh cha bhi an droch dhuine gun pheanas; ach saorar sliochd nam firean.

Mar fhail òir ann an sròin muice, tha bean sgiamhach agus i as eugmhais tuigse. Tha miann

[TD 33]

nam firean a mhàin maith; ach is e dòchas nan aingidh fearg.

CAIB. XII. Esan a ghràdhaicheas fòghlum, gràdhaichidh e eòlas; ach esan a dh'fhuathaicheas achmhasan, tha e amaideach.

Gheibh duine maith deadh-ghean o'n Tighearn; ach dìtidh e fear nan droch innleachd.

Tha bean mhaith 'na crùn d'a fear; ach mar lobhadh na 'n cnàmhaibh tha ise a nàiricheas e. Bithidh cùram aig an duine ionraic do bheatha 'ainmhidh; ach is an-ìochdmhor truacantais nan aingidh.

Easn a threabhas 'fhearann, sàsuichear le h-aran e; ach esan a leanas daoine dìomhain, tha e gun tuigse. Tha slighe an amadain ceart 'na shùilibh fein: ach tha esan a dh'èisdeas ri comhairle, glic.

Esan a labhras an fhìrinn, foillsichidh e ceartas; ach foillsichidh

[TD 34]

fianuis bhreugach cealg. Tha dream ann a labhras mar lotaibh

claidheimh; ach is slàinte teanga nan daoine glìce.

Bithidh bile na firinn seasmhach gu bràth; ach cha bhi an teanga bhreugach ach car tiota. Is gràineileachd do'n Tighearna bilean nam breug; ach is iad an droing a ni gu firinneach, a thlachd.

Is fearr am firean na a choimhearsnach; ach cuiridh slighe nan aingidh air seacharan iad féin. Ann an slighe na fireantachd tha beatha; agus 'na ceum cha n'eil bàs.

CAIB. XIII. Eisdidh mac glìc ri teagasg 'athar; ach cha'n éisd fear na fochaid ri achmhasan. Is beag air an fhìrean na breugan; ach fàsaidh an droch dhuine gràineil, agus nàirichear e.

O uabhar a mhàin thig consach-

[TD 35]

adh; ach aig na daoinibh a ghabhas deadh chomhairle tha gliocas. Ni gach duine ciallach a ghnòthuch le h-eòlas; ach leigidh an t-amadan ris 'amaideachd.

Bochdainn agus nàire bithidh dhasan a dhiùltas fòghlum; ach an ti aig am bi meas air achmhasan, gheibh e urram. Is milis do'n anam am miann a choimhlionar; ach is beag air amadanaibh dealachadh ris an olc.

An ti a shiùbhlas le daoinibh glìc, bithidh e glìc; ach sgriosar companach nan amadan. Leanaidh olc peacaich; ach do na fireanaibh ìocar maith.

CAIB. XIV. Imich as làthair an duine amaidich, 'nuair nach mothaich thu ann bilean an eòlais. Ni amadain magadh do'n pheacadh; ach am measg nam firean tha deadh-ghean.

[TD 36]

Tha slighe ann a chithear dìreach le duine; ach is iad a crìoch slighean a' bhàis. Bithidh eagal air an duine ghlic, agus tréigidh e 'n t-olc; ach tha'n t-amadan borb agus dàna.

An ti a ni tàir air a choimhearsnach, peacaichidh e; ach is sona an ti a ghabhas truas do na bochdaibh. Nach dthéid iadsan air seacharan a dhealbhas an t-olc? ach bithidh tròcair agus firinn acasan a dhealbhas am maith.

Ann an eagal an Tighearna tha aobhar earbsaidh làidir; agus aig a chloinn bithidh didean. Is e eagal an Tighearna tobar na beatha, chum dol as o lìontaibh a' bhàis.

An ti a tha mall chum feirge, tha e pailt ann an tuigse; ach esan a tha dian 'na spiorad, àrdaichidh e amaideachd. Ann an cridhe an

duine thuigsich gabhaidh gliocas

[TD 37]

tàmh; ach aithnichear an ni a ta 'n taobh a stigh nan amadan.

CAIB. XV. Pillidh freagradh mìn corruich; ach dùisgidh briathra garg fearg. Cuiridh teanga nan daoine glic an céill eòlas gu ceart; ach dòirtidh beul nan amadan a mach amaideachd.

Tha sùilean an Tighearna anns gach àit, ag amharc air na droch dhaoine agus air na deadh dhaoine. Is craobh beatha teanga fhallain; ach is briseadh spioraid fiaradh innte.

Ni amadan tàir air teagasg 'athar; ach is ciallach an ti a bheir an aire do achmhasan. Ann an tigh an fhìrean tha mòran ionmhais; ach ann an teachd-a-stigh an aingidh tha buaireas.

Sgaoilidh bilean nan daoine glic eòlas; ach cha dean cridhe nan amadan mar sin. Is gràineileachd

[TD 38]

do'n Tighearn ìobairt nan aingidh; ach is i ùrnuigh nan ionraic a thlachd.

Is gràineileachd do'n Tighearna slighe an aingidh; ach is ionmhuinn leis an ti a leanas an déigh fireantachd. Is searbh smachdachadh dhasan a thréigeas an t-slighe; ach gheibh esan le'm fuathach achmhasan, bàs.

Tha ifrinn agus sgrios fa chomhair an Tighearna: cia mòr is mò na sin cridheacha chloinn nan daoine? Cha toigh le fear-fochaid esan a chraicheadh e; agus a dh'ionnsuidh dhaoine glìce cha dthéid e.

Ni cridhe subhach gnùis shuilbhir; ach le bròn a' chridhe brisear an spiorad. Iarraidh cridhe an duine thuigsich eòlas; ach beathaichear beul nan amadan le amaideachd.

[TD 39]

Tha uile làithean an duine thruaigh olc; ach is cuirm a ghnàth an cridhe ait. Is fearr beagan le h-eagal an Tighearna, na ionmhas mòr, agus buaireas leis. Is fearr lòn do luibhibh, far am bi gràdh, na damh biadh agus fuath leis.

Dùisgidh fear feargach consachadh; ach esan a ta mall chum feirge, ciuinichidh e aimhreit. Tha slighe an leisgein mar ghàradh droighinn; ach tha rathad nan ionraic air a dheanamh réidh.

Ni mac glic athair aoibhneach; ach ni mac amaideach tàir air a

mhàthair. Is aobhar aoibhneis amaideachd dhasan a tha as eugmhais gliocais; ach imichidh fear na tuigse gu dìreach.

Gun chomhairle, thig rùinte gu neo-ni; ach ann an lìonmhoireachd chomhairleach daingnichear

[TD 40]

iad. Bithidh aoibhneas aig duine le freagradh a bheoil; agus focal 'na thràth, cia maith e!

Tha slighe na beatha shuas do'n duine ghlic, chum dol as o ifrinn shìos. Sgriosaidh an Tighearna tigh nan uaibhreach; ach daingnichidh e crìoch na banntraich.

Is gràineileachd do'n Tighearna smuainte dhroch dhaoine; ach is briathra taitneach briathra nam fìor-ghlan. Bheir esan buaireas air a thigh féin, a tha sanntach air buannachd; ach bithidh esan le'm fuathach duais-bhratha, beò.

Smuainichidh cridhe an fhìrein cionnus is còir dha freagairt; ach dòirtidh beul nan aingidh a mach droch nithe. Tha'n Tighearna fada o na h-aingidh; ach éisdidh e ri h-ùrnuigh nam firean.

Ni solus nan sùl an cridhe aoibhneach; agus bheir deadh chliu

[TD 41]

smior do na cnàmhaibh. Gabhaidh a' chluas a dh'eisdeas ri achmhasan na beatha, còmhnuidh am measg nan daoine glic.

An ti a dhiùltas fòghlum, ni e tàir air 'anam fein; ach an ti a dh'eisdeas ri achmhasan, gheibh e tuigse. Is e eagal an Tighearna fòghlum a' ghliocais; agus roimh urram tha irioslachd.

CAIB. XVI. Tabhair t'oibre thairis do'n Tighearna, agus daingnichear do smuainte. Rinn an Tighearna gach ni air a shon fein, agus mar an ceudna an t-aingidh air son latha an uilc.

Is gràineileachd do'n Tighearna gach neach a ta uaibhreach 'na chridhe: ge d'iadhadh làmh mu làimh, cha bhi e gun pheanas. Trìd tròcair agus firinn glanar euceart; agus trìd eagail an Tighearna treigear an t-olc.

[TD 42]

An uair a ghabhas an Tighearna tlachd ann an slighibh duine, bheir e air a naimhdibh fein a bhi ann an sìth ris. Cia mòr is fearr gliocas fhaotainn na òr, agus is ròghnuiche tuigse fhaotainn na airgid?

Roimh sgrios theid uabhar; agus roimh leagadh spiorad ardanach. An

ti a ni gnothuch gu tuigseach, gheibh e maith: agus an ti a dh'earbas as an Tighearn, is sona e.

Is tobar beatha an tuigse do'n ti aig am bheil i; ach is amaideachd fòghlum nan amadan. Ni cridhe an duine ghlic a bheul tuigseach, agus air a bhilibh cuiridh e fòghlum.

Is coron glòire an ceann liath, a gheibhear ann an slighe an ionracais. Is fearr an ti a ta mall chum feirge na gaisgeach, agus an ti a

[TD 43]

riaghlas a spiorad féin na esan a ghlacas ard-bhaile.

1 CAIB. XVII. Is fearr greim tioram, agus suaimhneas leis, na tigh làn do ìobairtibh maille ri h-aimhreit. An ti a cheileas cionta, cosnaidh e gràdh; ach esan a dh'aithriseas nì, dealaichidh e cairde.

Drùthaidh achmhasan ni's mò air duine glic, na ceud buille air amadan. Ge b'e dh'ìocas olc air son maith, cha dealaich olc r'a thigh.

An ti a ta fiar 'na chridhe, cha'n fhaigh e maith; agus an ti a ta lùbach 'na theangaidh, tuitidh e ann an olc. Tha am mac amaideach 'na dhoilgheas d'a athair, agus 'na shearbhas dh'ise a rug e.

Measar an t-amadan féin, 'nuair a bhios e 'na thosd, 'na dhuine glic; agus an ti a dhruideas a bhilean, 'na dhuine tuigseach.

CAIB. XVIII. Théid bilean an

[TD 44]

amadain ann an aimhreit, agus gairmidh a bheul air buillibh. Is e beul amadain a sgrios, agus is iad a bhilean ribe 'anama féin.

Mar an ceudna an ti sin a ta leasg 'na obair, is bràthair e do'n mhillteir mhòr. Is tùr làidir ainm an Tighearna: ruithidh am firean d'a ionnsuidh, agus bithidh e tèaruinte.

Roimh sgrios bithidh cridhe duine uaibhreach, agus roimh urram bithidh irioslachd. An ti a bheir freagrachd ann an cùis mu'n cluinn se e, is amaideachd agus nàire dha e.

Giùlainidh spiorad duine a laigse: ach cò is urrainn spiorad briste a ghiùlan. Gheibh cridhe an duine chrionna eòlas; agus iarraidh cluas nan daoine glic eòlas.

CAIB. XIX. Cha bhi fianuis bhreugach gun pheanas, agus sgriosar an ti a labhras breugan.

[TD 45]

Ni tuigse duine e mall chum feirge, agus is e a ghlòir amharc thairis air eucoir.

Is aobhar doilgheis d'a athair mac amaideach; agus mar shìor-shileadh uisge tha aimhreitean mnà. Bheir leisg air duine tuiteam ann an trom chodal; agus fuilingidh an t-anam dìomhanach ocras.

An ti a ghabhas truas do'n bhochd, bheir e air iasachd do'n Tighearna; agus an ni a bheir e uaith, ìocaidh e dha a rìs. Smachdaich do mhac am feadh a ta dòchas d'a thaobh, agus na caomhnadh t'anam air son a ghearain.

Eisd ri comhairle, agus gabh fòghlum, chum gu'm bi thu glic ann ad laithibh, deireannach. Treoraichidh eagal an Tighearna gu beatha, agus gheibh esan a bhios

[TD 46]

air a lìonadh leis fois; cha'n fhiosraichear le h-olc e.

CAIB. XX. Is urramach an ni do fhear fantuinn o aimhreit; ach measgaidh gach amadan innte.

Gluaisidh am firean 'na ionracas: sona bithidh a mhic 'na dhéigh.

Aon chothrom agus cothrom eile, aon soitheach-tomhais agus soitheach-tomhais eile, is gràineileachd iad araon do'n Tighearna. Aithnichear eadhon leanabh le a bheusaibh, am bi a dheanadas glan, agus am bi e ceart.

A' chluas a chluinneas, agus an t-sùil a chi, rinn an Tighearn iad araon. Na gràdhaich codal, air eagal gu'n dthig thu gu bochdainn; fosgail do shùilean, agus sàsuichear thu le h-aran.

Tha òr ann, agus mòran do chlachaibh luachmhor; ach is iad bilean an eòlais an seud a's luach-

[TD 47]

mhoire. Ge b'e mhalluicheas 'athair, no a mhàthair, cuirear as a lèchran ann an duibhre dorchadais.

CAIB. XXI. Ceartas a dheanamh agus breitheanas, is ròghnuiche leis an Tighearna na ìobairt. Is peacadh sealladh ard, agus cridhe uaibhreach, lèchran nan aingidh.

Ionmhasan fhaotainn le teangaidh bhreugaich, is dìomhanas e air a luasgadh a null agus a nall aig an droing a dh'iarras am bàs. Is fearr còmhnuidh a ghabhail ann an oisinn mullaich tighe, na maille

ri mnaoi aimhreitich ann an tigh farsaing.

Bheir am firean an aire gu glic do thigh an aingidh: tilgear na h-aingidh bun os ceann air son an aingidheachd. An ti a dhruideas a chluas ri glaodh an duine bhoichd, glaothaidh e féin mar an ceudna, ach cha'n éisdear ris.

Is aoibhneas do'n fhìrean breith-

[TD 48]

eanas a dheanamh na-h-euceirt. Is fearr còmhnuidh a ghabhail ann am fàsach, na maille ri mnaoi aimhreitich agus fheargaich. An ti a leanas fireantachd agus tràcair, gheibh e beatha, fireantachd, agus urram.

CAIB. XXII. Tha amaideachd ceangailte ann an cridhe leinibh; ach cuiridh slat an smachdachaidh fad uaith i. An ti a shàruicheas am boichd a mheudachadh a mhaoin féin, agus an ti a bheir do'n t-saibhir, thig e gu deimhin gu h-uireasbhuidh.

Aom do chluas, agus éisd ri briathraibh dhaoine gllice, agus socraich do chridhe air m'eòlas-sa. Na creach am boichd a chionn gu bheil e boichd, agus na sàruich an truaghan anns a' gheata: Oir tagraidh an Tighearn an cùis, agus millidh e anam na muinntir a mhill-

[TD 49]

eas iad. Na h-atharraich an seann chomhara-crìche, a shuidhich t'aithriche.

CAIB. XXIII. Na h-atharraich an seann chomhara-crìche, agus air achaibh nan dilleachdan na bris a steach: Oir tha am fear-saoraidh cumhachdach; tagraidh e an cùis a't' aghaidh.

Aom do chridhe ri fòghlum, agus do chluasan ri briathraibh eòlais. Na cum smachd-achadh o leanabh; oir ma bhuaileas tu e le slait, cha'n fhaigh e bàs. Na bi am measg phòiteirean fiona, am measg luchd comh-ithidh geòcach feòla.

Oir thig am misgeir agus an geòcaire gu boichdainn; agus eudaichidh turra-chodal duine le luideagaibh. Cò d'am buin truaighe? cò aig am bheil cònsachadh? cò a ta ri gearan? cò aig am bheil lo-

[TD 50]

tan gun aobhar? cò aig am bheil deirge shùl? Iadsan a dh'fhanas fad aig an fhìon, iadsan a théid a dh'iarraidh fiona measgta.

CAIB. XXIV. Tha'n duine glic 'na dhuine làidir, agus tha fear an eòlais treun 'an neart. Is peacadh smuainte na h-amaideachd; agus is

e fear na fochaid gràin dhaoine.

Na dean feall-fholach, a dhroch dhuine, an aghaidh àite-còmhnuidh an fhìreìn; na creach 'ionad-tàimh.

Oir seachd uairean tuitidh am firean, agus éiridh e rìs; ach tuitidh na h-aingidh ann an olc.

'Nuair a thuiteas do nàmhaid, na bi aoibhneach, agus an uair a thuislicheas e, na deanadh do chridhe gairdeachas: Air eagal gu'm faic an Tighearn, agus gu'm bi e olc 'na shùilibh, agus gu'n tionndaidh e 'fhearg uaith.

[TD 51]

A mhic, biodh eagal an Tighearna agus an rìgh ort: riu-san aig am bheil atharrachadh giùlain na biodh gnothuch agad. Ghabh mi seachad air fearann an duine leisg, agus air fion-lios an duine gun tuigse: Agus feuch, bha e uile air fàs suas le cluaranaibh, chòmhdach an eanntagach 'aghaidh, agus bhriseadh sìos a bhalladh cloiche.

An sin chunnaic mi, thug mi an aire gu maith; dh'amhairc mi, fhuair mi fòghlum. Fathast beagan codail, beagan clò-chodail, beagan pasgaidh nan làmh gu codal: An sin thig do bhochdainn mar fhear-siubhail, agus t'uireasbhuidh mar dhuine fuidh armaibh.

CAIB. XXV. Na gabh urram dhuit féin ann am fianuis rìgh, agus na seas ann an àite dhaoine mòra: Oir is fearr gu'n abrar riut, Thig a nìos an so, na gu cuirear

[TD 52]

sìos thu am fianuis an uachdarain a chunnaic do shùilean.

Mar ùbhlán òir ann an dealbhaibh airgid, tha focal a labhrar gu h-ìomchuidh. Mar chluas-fhàinne òir, mar usgar do'n òr fhìor-ghlan, tha fear-cronachaidh glic aig cluais fhurachair. Tarruing do chos a tigh do choimhearnsnaich, air eagal gu'm bi e sgìth dhiot, agus gu fuathaich e thu.

Ma bhios do nàmhaid ocrach, thoir aran dha r'a itheadh; agus ma bhios e ìotmhor, thoir uisge dha r'a òl: Oir carnaidh tu eibhle teine air a cheann, agus bheir an Tighearna luigh-eachd dhuit. Mar chaithir briste sìos, gun bhalladh, tha am fear aig nach 'eil ceannsal air a spiorad féin.

CAIB. XXVII. Ni oladh-ungaidh agus boltrach an cridhe ait: mar sin ni milsead caraid duine le comh-

[TD 53]

airle a chridhe. Na tréig do charaid fein, no caraid t'athar, agus na rach a steach do thigh do bhràthar ann an latha t'àmhghair: is fearr coimhearsnach am fagus na bràthair fad as.

Chi an duine crìonna olc, agus folaichidh se e fein; ach gabhaidh na daoine baoghalta air an aghaidh, agus fuilingidh iad peanas. Tha sìor-shileadh uisge ann an latha frasach, agus bean aimhreiteach cosmhuil ri cheile.

Ge do phronn thu amadan ann an soitheach-pronnaidh am measg cruithneachd le bruthadair, cha dealaich 'amaideachd ris.

CAIB. XXVIII. Teichidh an t-aingidh, gun neach air bith an tòir air; ach bithidh na h-ionraic dàna mar leòmhan. Is fearr am bochd a dh'imicheas 'na ionracas, na esan e tha fiar 'na shlighibh, ge do robh e saibhir.

[TD 54]

Is glic duine saibhir na bharail fein; ach rannsaichidh an duine bochd aig am bi tuigse mach e.

An ti a dh'fholaicheas a pheacanna, cha soirbhich leis; ach esan a dh'aidicheas agus a threigeas iad, gheibh e tròcair.

Is beannaichte an duine air am bi eagal a ghnàth; ach esan a chruaidhicheas a chridhe, tuitidh e ann an olc. Ni fear na droch shùile deifir gu bhi saibhir; ach cha'n 'eil fhios aige gu'n dthig bochdainn air.

An ti a chronaicheas duine, 'na dheigh sin gheibh e ni's mò do dheadh-ghean na esan a ni miodal le 'theangaidh. An ti a bheir do'n bhochd, cha bhi dìth air; ach air an ti a dh'fholaicheas a shùilean bithidh iomadh mallachd.

CAIB. XXIX. Am fear a ni miodal r'a choimhearsnach, sgaoilidh e lìon air son a chos. Bheir

[TD 55]

am firean an aire do chùis nam bochd; ach cha ghabh an t aingidh suim do eòlas a bhi aige oirre.

Bheir luchd-fochaid baile ann an ribe; ach pillidh daoine glìce fearg. Cuiridh amadan an ceill 'inntinn uile; ach cumaidh duine glic a stigh i gus an deigh sin. Cronaich do mhac, agus bheir e suaimhneas dhuit; seadh, bheir e sòlas do t'anam.

Dùisgidh duine feargach aimhreit, agus bithidh fear na corruich pailt ann an eusaontas. Bheir eagal duine ribe leis; ach ge b'e dh'earbas as an Tighearna, bithidh e tèaruinte.

CAIB. XXX. Tha uile fhocal De fìor-ghlan: is sgiath e dhoibhsan a chuireas an dòigh ann. Na cuir-sa ni air bith r'a bhriathraibh, air eagal gu cronaich e thu, agus gu faighear breugach thu.

[TD 56]

Dà ni dh'iarr mi ort; na diùlt iad dhomh mu'm faigh mi bàs. Dìomhanas agus breugan cuir fad uam; na toir dhomh bochdainn no beartas, beathuich mi le biadh a bhios iomchuidh air mo shon.

Air eagal gu'm bi mi làn, agus gu'n àicheadh mi thu, agus gu'n abair mi, Cò e an Tighearna? no gu'm bi mi bochd, agus gu'n goid mi, agus gu'n toir mi ainm mo Dhé 'an dìomhanas.

Tha ceithir nithe beaga air an talamh, ach tha iad ro-ghlic: Tha na seangain nan muinntir nach 'eil làidir, gidheadh ulluichidh iad am biadh 'san t-samhradh; Tha na coineanna nam muinntir nach 'eil neartmhor, gidheadh togaidh iadan tighean anns na creagaibh;

Cha 'n'eil rìgh aig na locustaibh, gidheadh imichidh iad a mach uile 'nam buidhnibh; Gabhaidh an

[TD 57]

damhan-alluidh greim le a làmhaibh, agus bithidh e ann an lùchairtibh nan rìgh.

CAIB. XXXI. Cò gheibh bean shubhailceach? oir tha a luach gu mòr os cionn chlach uasal. Earbaidh cridhe a fir aisde, agus cha bhi feum aige air creich. Iocaidh i maith dha, agus cha'n e olc, rè uile làithean a beatha. Iarraidh i olann agus lìon, agus oibrichidh i gu toileach le a làmhaibh.

Tha i mar longaibh nan ceannuiche, bheir i a biadh o thir chèin.

Eiridh i mar an ceudna 'nuair is i an oidhche a ta fathast ann, agus bheir i làn d'a teaghlach, agus cuibhrionn d'a maighdeanaibh.

Measaidh i achadh, agus ceannaichidh si e: le toradh a làmh suidhichidh i fion-lios. Crioslaichidh i a leasraidh le neart, agus neartaichidh si a gairdeana. Moth-

[TD 58]

aichidh i gu bheil a ceannachd maith: cha dthéid a coinneal as 'san oidhche.

Cuiridh i a làmhan air an dealgan, agus gabhaidh glacan a làmh greim do'n chuigeil. Fosglaidh i a glac do'n truaghan, agus sìnidh i a làmhan do'n fheumach. Cha 'n'eil eagal oirre roimh 'n t-sneachda air son a teaghlaich; oir tha a teaghlach uile eudaichte le scarlaid.

Ni i dhi féin trusgain do obair ghréis; do shìde agus do chorcur tha a h-eudach.

Aithnichear anns na geataibh a fear, an uair a shuidheas e maille ri seanairibh na tìre. Ni i lìon-eudach grinn, agus reicidh i, agus bheir i criosan do'n cheannuiche. Neart agus urram is eudach dhi, agus ni i gairdeachas 'san àm ri teachd. Fosglaidh i a beul

[TD 59]

le gliocas, agus tha lagh a' chaoimhneis air a teangaidh.

Bheir i an aire do shlighibh a teaghlaich, agus cha'n ith i aran an dìomhanais. Eiridh a clann, agus beannaichidh iad i; a fear, agus molaidh e i. Rinn mòran nighean gu subhailceach, ach thug thusa barrachd orra uile. Is mealltach deadh-ghean, agus is dìomhain sgèimh; ach bean air am bi eagal an Tighearna, is ise a mholar.

Thugaibh dhi do thoradh a làmh, agus moladh a h-oibre féin anns na geataibh i.

SALM.

CXIX. Is beannuicht iadsan a tha neo-lochdach 'san t-slighe, a dh'imeicheas ann an lagh an Tighearna. Is beannuicht iadsan a ghleidheas a theisteis, a dh'iarras

[TD 60]

e le'n uile chridhe. Mar an ceudna cha dean iad aingidheachd: 'na shlighibh imichidh iad. Dh'àithn thu t'orduighean a bhi air an coimhead gu dìcheallach.

O nach robh mo cheumanna air an stiùradh, chum do reachdan a choimhead! An sin cha ghabh mi nàire, 'nuair a bheir mi spéis do t'àitheantaibh gu léir. Molaidh mi thu le treibhdhireas cridhe, 'nuair a dh'fhòghlumas mi breitheanais do cheartais. Coimhididh mi do reachda: O na treig mi gu tur!

Teagaisg dhomh, a Thighearna, slighe do reachda, agus gleidhidh mi i gu ruig a' chrìoch. Thoir tuigse dhomh, agus gleidhidh mi do lagh; seadh, coimhididh mi e le m'uile chridhe. Thoir orm triall an ceum t'àitheanta; oir ann ta-san tha mo thlachd. Lùb mo chridhe

[TD 61]

gu d' theisteasaibh, agus ni h-ann gu sannt.

Tionndaidh mo shùilean o amharc air dìomhanas; ann ad shlighibh beothaich mi. Daingnich t'fhocal do t'òglach, air am bheil t'eagal-

sa. Cuir uam mo mhasladh a's eagal leam; oir tha do bhreitheanais maith. Feuch, is miannach leamsa do reachdan: a'd' cheartas beothaich mi.

CXXXIII. Feuch, cia maith agus cia taitneach an ni, do bhràithribh còmhnuidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd! Mar dheadh oladh-ungaidh air a' cheann, a ruith sìos air an fheusaig, feusaig Aaroin, a ruith sìos air iomall a thrusgain; Mar dhealt air Hermon, a thuiteas air sléibhtibh Shioin: oir an sin dh'àithn an Tighearn am beannachadh, beatha gu sìorruidh.

[TD 62]

CXLV. Ardaichidh mi thu, mo Dhia, mo Rìgh; agus beannuichidh mi t'ainm gu saoghal nan saoghal. Gach là beannuichidh mi thu, agus molaidh mi t'ainm gu saoghal nan saoghal. Is mòr an Tighearn, agus is ro-airidh e air moladh, agus cha'n fheudar a mhòrachd a rannsachadh.

Molaidh àl do àl do ghnìomhara, agus cuiridh iad an céill t'oibre cumhachdacha. Air urram glòire do mhòrachd agus air t'oibrìbh iongantach labhraidh mi. Agus labhraidh daoine air neat do bhearta uamhasach; agus aithrisidh mise do mhòrachd. Cuiridh iad an céill gu pailt cuimhne do mhaitheis mhòir, agus ard-mholaidh iad t'fhìreantachd.

Is gràs-mhor agus truacanta an Tighearna; mall chum feirge, agus pailt ann an tròcair. Is maith

[TD 63]

an Tighearna do na h-uile, agus tha a chaomh-thròcairean os cionn 'oibre uile. Molaidh t'oibre gu léir thu a Thighearna; agus beannuichidh do naoimh thu.

Air glòir do rioghachd labhraidh iad, agus cuiridh iad an ceill do chumhachd: Chum a bhearta iongantach a dheanamh aithnichte do chloinn nan daoine, agus glòir mòralachd a rioghachd. Is rioghachd shìorruidh do rioghachdsa; agus mairidh t'uachd-aranachd air feadh nan uile ghinealaich.

[Tha an Tighearna firinneach 'na uile bhriathraibh, agus naomha 'na uile ghnìomharaibh.] Cumaidh an Tighearna suas iadsan uile a tha tuiteam, agus togaidh e 'n aird iadsan uile a tha air cromadh sìos. Tha sùilean nan uile a' feitheamh ort, agus bheir thu dhoibh am biadh 'na thràth. Tha thu fosgladh

[TD 64]

do làimh, agus a' sàsachadh miann gach ni beò.

Tha'n Tighearna ceart 'na uile shlighibh, agus naomha 'na uile ghnìomharaibh. Is dlùth an Tighearna dhoibhsan uile a ghairmeas air 'am firinn. Coimhlionaidh e miann na droinge d'an eagal e; agus eisdidh e r'an glaoth, agus saoraidh se iad. Gleidhidh an Tighearn iadsan uile a ghràdhaicheas e; ach sgriosaidh e na h-aingidh gu leir. Air cliu an Tighearna labhraidh mo bheul: agus beannuichidh gach feoil 'ainm naomha-san gu saoghal nan saoghal.

ECLESIASTES.

CAIB. XII. Cuimhnich a nis do Chruithfhear ann an làithibh t'òige, mu'n dthig na droch làithean, agus an druid na bliadhnacha riut, anns

[TD 65]

an abair thu, Cha 'n'eil tlachd agam annta. Mu'n dorchaichear a' ghrian, agus an solus, agus a' ghealach, agus na reultan, agus am pill na neoil an deigh an uisge: Anns an là san criothnuich luchd-gleidhidh an tighe, agus an crom na daoine làidir iad fein, agus an sguir an luchd-bleath, a chionn gu bheil iad tearc, agus an dorchaichear an dream a sheallas a mach air na h-uinneagaibh;

Agus an dùinear na dorsan anns na sràidibh, an uair a bhios fuaim na bleith ìosal, agus a dh'eireas e suas aig guth an eoin, agus a dh'islichear uile nigheanan a' chiuil; Mar an ceudna 'nuair a bhios eagal orra roimh ni àrd, agus a bhios uamhasan anns an t-slighe, agus a bhios a' chraobh almoim fuidh bhlàth, agus a bhios an leumnach-uaine 'na eallaich, a-

[TD 66]

agus a theirgeas miann; a chionn gu bheil an duine a' triall d'a chòmhnuidh bhuan, agus gu bheil an luchd-cumhaidh a' dol mu'n cuairt sna sràidibh.

Mum fuasgailear an cord airgid, agus am bruthar an copan òr, agus am brisear a' chuinneag aig an tobar, agus am brisear an roth aig an t-soitheach-cumail. An sin pillidh an duslach chum na talmhainn mar a bha e; agus pillidh an spiorad chum Dhe, a thug uaith e. Dìomhanas nan dìomhanas! ars' an searmonuiche: is dìomhanas na h-uile nithe.

Agus os bàrr, do bhrìgh gu'n robh an searmonuiche glic, theagaisg e'n còmhnuidh eòlas do'n t-sluagh; agus thug e deadh aire, agus shir e mach, agus dheasaich e mòran ghnath-fhocal. Dh'iarr an searmonuiche briathra taitneach fhaot-

[TD 67]

ainn: agus bha an ni a sgrìobhadh ceart, briathra na fìrinn. Tha briathra nan daoine glìce mar bhioraibh, agus mar thairngibh air an

sparradh le uachdaranaibh choimhthionall, a thugadh le aon aodhaire.

Agus tuilleadh, leo so, a mhic, gabh rabhadh: air mòran leabhraichean a dheanamh cha 'n'eil crìoch, agus tha mòran leughaidh 'na sgìos do'n fheoil. Cluinneamaid brìgh na chaidh ràdh uile: Biodh eagal De ort, agus gleidh 'àitheantan; oir is e so dleasdanas iomlan an duine. Oir bheir Dia gach obair chum breitheanais, maille ris gach ni dìomhair, ma's maith, no ma's olc e.

MALACHI.

CAIB. IV. Oir feuch tha 'n là a' teachd, a loisgeas mar àmhuinn;

[TD 68]

agus bidh na h-uaibhreich uile, seadh gach neach a ta ri aingidheachd, mar asbhuaibh; agus loisgidh an là ta teachd suas iad, deir Tighearn nan sluagh; oir cha 'n fhàg e bun no barr dhiubh. Ach dhuibhsa air am bheil eagal m' ainm-sa eiridh Grian na fireantachd le slàinte 'na sgiathaibh; agus theid sibh a mach, agus fàsaidh sibh suas mar laoigh bhiadhta. Agus saltraidh sibh sìos na h-aingidh; oir bidh iad mar luaithe fo bhonnaibh 'ur cos, anns an là san dean mise so, deir Tighearnanan sluagh.

Cuimhnichibh-sa lagh Mhaois m' òglaich, a dh' àithn mise dha ann an Horeb, air son Israeil uile, eadhon na reachdan agus na breitheanais. Feuch cuiridh mise do 'r n-ionnsuidh Eliah am fàidh, roimh theachd là mhòir agus uamhasaich an Tighearna. Agus tionndaidh-

[TD 69]

idh esan cridhe nan aithrichean a chum na cloinne, agus cridhe na cloinne chum an aithrichean, eagal gu 'n dthig mise, agus gu 'm buail mi am fearann le leir-sgrios.

Tha na h-Aitheantan, agus Urnaigh an Tighearn, air an cur sìos 'an so, a chum 's gun iunnsaicheadh an sgoileir iad le chuimhne.

NA DEICH AITHEANTAN.

ECSODUS XX.

Labhair Dia na briathra so uile, ag ràdh, Is mis' an Tighearna do Dhia, a thug a-mach thu a tìr na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

I. Na biodh dé sam bith eile agad a'm' làthair-sa.

II. Na dean dhuit fein dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta sna neamhaibh shuas, no air

[TD 70]

an talamh shios, no sna h-uisgeachaibh fuidh'n talamh. Na crom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhis doibh: oir mis' an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithriche air a' chloinn, air an treas agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi, agus a nochdadh tròcair do mhiltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m'àitheantan.

III. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhe an diomhanas: oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir 'ainm an diomhanas.

IV. Cuimhnich là na sàbaid a naomhachadh. Sèa làithean saothrichidh tu, agus ni thu t'obair uile. Ach air an t-seachdamh là tha sàbaid an Tighearna do Dhe; air an là sin na dean obair sam bith, thu fein, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no

[TD 71]

do bhan-oglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a ta 'n taobh a stigh do d' gheataibh; oir ann an sèa làithibh rinn an Tighearna na nèamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta annta; agus ghabh e fois air an t-seachdamh là; air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na sàbaid, agus naomhaich se e.

V. Thabhair onoir do t'athair, agus do d' mhàthair, a chum a's gu'm bi do làithean buan air an fhearann a tha'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltrannas.

VIII. Na dean gaduigheachd.

IX. Na tabhair fianuis bhreige 'n aghaidh do choimhearsnaich.

X. Na sanntaich tigh do choimhearsnaich; na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhan-ogloch, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach.

[TD 72]

URNUIGH AN TIGHEARNA.

MAT. VI.

Ar n-Athair a ta air neamh. Gu naomh-aichear t'ainm. Gu tigeadh do rioghachd. Gu deanar do thoil air thalamh, mar a nithear air neamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail. Agus maith dhuinn ar fiacha, mar a mhaitheamaid d'ar luchd-fiacha. Agus na leig sinn 'am

buaireadh, ach saor sinn o olc: Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, gu siorruidh. Amen.

A' CRIOCH.

Clo-bhuailte le Anderson agus Bryce.